



## TAIC FREUMHAN COIMHEARSNACHD

### Stiùireadh 2017-18

### Guidelines 2017-18

#### Cùl-fhiosrachaidh

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar thoradh air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha an Achd ag ainmeachadh prìomh uallaichean a' Bhùird.

Chaidh Taic Freumhan Coimhearsnachd a stèidheachadh gus taic a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd pròiseactan a chur an gnìomh a bhios a' cur ri prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig.

Tha Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17 a' comharrachadh 8 raointean leasachaidh a tha nam prìomhachas don Ghàidhlig, mar a leanas:-

1. Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean
2. Foghlam: Sgoiltean agus Tìdsearan
3. Foghlam: Foghlam Seach-sgoile
4. Coimhearsnachdan
5. Àite-obrach
6. Ealain agus Meadhanan
7. Dualchas agus Turasachd
8. Corpas

Tha lethbhreac eileagtronaigeach de Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig air làrach-lìn a' Bhùird [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) agus tha e deatamach gun cuir tagraichean eòlas air a' Phlana mus cuir iad tagradh a-steach chun mhaoin seo.

#### Background

Bòrd na Gàidhlig was established under the powers of The Gaelic Language (Scotland) Act 2005, which also outlines the Bòrd's key statutory functions.

The Taic Freumhan Coimhearsnachd funding programme was established to help community groups to undertake projects in support of the National Gaelic Language Plan.

The National Gaelic Language Plan 2012-17 identifies 8 development areas which are of priority for Gaelic, as follows:-

1. Home and Early Years
2. Education: Schools and Teachers
3. Education: Post-school Education
4. Communities
5. Workplace
6. Arts & Media
7. Heritage & Tourism
8. Corpus

An electronic version of the National Gaelic Language Plan is available on the Bòrd na Gàidhlig website [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) and it is vital that applicants familiarise themselves with this Plan prior to submitting an application to this fund.

## Taic Freumhan Coimhearsnachd 2017-18

Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom do bhuidhnean cuir a dh'iarraidh taic-airgid airson pròiseactan a bhios a' brosnachadh agus a' leudachadh togail is cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, tro bhith a' cur taic ri co-dhiù aon de na prìomhachasan a leanas, bhon Phlana Nàiseanta:-

- Dachaigh agus Tràth Bhliadhnaichean
- Foghlam: Sgoiltean agus Tidséaran \*(taobh a-muigh a' chlas a-mhàin)
- Foghlam: Seach-sgoile
- Coimhearsnachdan
- Ealain agus Meadhanan
- Dualchas agus Turasachd

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na prìomhachasan seo ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Gheibh pròiseactan a tha ag amas air àrdachadh cleachdadh agus/no ionnsachadh a' chànan, prìomhachas thar chàich.

### Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha Taic Freumhan Coimhearsnachd air a dhealbhadh agus am bi e a' freagairt air iomadh seòrsa buidheann a tha ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh 's a leudachadh bho latha gu latha ann an coimhearsnachdan.

Tha buidhnean coimhearsnachd saor-thoileach, iomairtean shòisealta, gnìomhachasan beaga, buidhnean spòrs, creideimh, ealain agus buidhnean sgoile air taic fhaighinn roimhe, ach gheibh buidhnean saor-thoileach prìomhachas.

Tha e cudromach gum bi tagradh sam bith a' dearbhadh gu bheil a' phròiseact fosgailte, agus a' toirt buannachd, don choimhearsnachd. Chan fhaigh sgoiltean taic ach airson tachartasan taobh a-muigh a' chlas àbhaisteach.

Cha ghabh Taic Freumhan Coimhearsnachd iarrtasan bho dhaoine fa leth no bho bhuidhnean poblach.

## Taic Freumhan Coimhearsnachd 2017-18

Bòrd na Gàidhlig is offering organisations the opportunity to bid for funding for initiatives which will encourage and increase the learning and use of Gaelic within communities, by supporting at least one of the following National Plan priorities:-

- Home and Early Years
- Education: Schools and Teachers \*(extra-curricular activities only)
- Education: Post-school Education
- Communities
- Arts and Media
- Heritage and Tourism

More detail on each of these priority areas is given in the National Gaelic Language Plan 2012-17. Top priority will be given to projects which focus on the use and/or acquisition of the Gaelic language.

### Who can apply?

Taic Freumhan Coimhearsnachd is specifically designed to be as accessible as possible to as wide a range of organisations as possible, in order to encourage and increase the day to day use of Gaelic in communities.

Voluntary community organisations, social enterprises, small businesses, sporting, religious, arts and school groups have previously received assistance, but voluntary community organisations will be prioritised.

It is important that any application clearly demonstrates that the project is open to, and for the benefit of the whole community. In the case of schools, only extra-curricular activities will be supported.

Taic Freumhan Coimhearsnachd is not open to applications from individuals or from public bodies.

### Dè as dòcha nach faigheadh taic?

- Siubhal gu tachartasan agus farpaisean
- Gabhail pàirt ann an gnìomhan a tha mar thà a' faighinn taic-airgid bho Bòrd na Gàidhlig (faighnichibh ma tha sibh mì-chinnteach)
- Goireasan agus obair curaicealam sgoiltean
- Consairtean fa leth no tachartasan den leithid

Cha bu chòir do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean a tha mar thà a' faighinn taic-airgid airson cosgaisean ruith cuir a dh'iarraidh sin a-rithist airson an aon àm.

### Ag ullachadh iarrtais

Bu chòir do thagraichean bruidhinn rinn cho luath 's as urrainn ma tha ceistean sam bith aca mu dheidhinn a' phròiseict aca. An uair sin, bu chòir do thagraichean am Foirm Iarrtais a lìonadh air-loidhne agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, **cuide ri pàipearan-taice** riatanach eile. Tha e deatamach gu bheil cunntas banca beò aig buidhnean tagraidh nuair a tha iad a' cur a-steach an iarrtais aca.

Cha tèid gabhail ri ach **aon iarrtas a-mhàin** bho gach buidheann. Ma tha tagraiche a' lorg taic airson barrachd na aon phìos obrach, bu chòir seo a chur a-steach còmhla air **aon foirm iarrtais**.

Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£5,000** uile gu lèir agus **gun a bhith nas àirde na 80%** de chosgais iomlan na pròiseict. Feumaidh gach tagraiche **co-dhiù 20%** den t-sùim a tha a dhìth a' lorg air dhòighean eile, mar eisimpleir bho compàirtichean, airgid na buidhne fhèin, no a' togail airgid. Feumaidh tagraichean airson clasaichean Gàidhlig gabhail a-steach teachd a-steach a tha còinnan ri co-dhiù **£3 gach neach-ionnsachaidh airson gach clas**.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil sgath dhen teachd-a-steach eile aca airson na pròiseict a' tighinn bho sgeama maoineachaidh sam bith eile aig Bòrd na Gàidhlig.

Faodar iarrtas a chur a-staigh airson taic-airgid a bhios air a chosg air pròiseactan **eadar 1 Giblean 2017 agus 30 Ògmhios 2018**.

### What is unlikely to receive funding?

- Travel to events and competitions
- Taking part in activities which are already funded by Bòrd na Gàidhlig (please enquire if in doubt)
- School resources and curricular activities
- One-off concerts or similar one-off events

Early years groups which are already receiving funding from Bòrd na Gàidhlig for running costs should not re-apply for costs of running the group over the same period.

### Making an application

Applicants should contact us as soon as possible if they have any questions about their project. Thereafter, applicants should complete the online Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents**. It is essential that all applicant organisations have an active bank account at the time of applying.

Only **one application** will be accepted per organisation. If an applicant is seeking funding for more than one activity, this should be submitted together on **one application form**.

Applications can be made for up to a maximum of **£5,000** and **no more than 80%** of the total project costs. All applicants must source **at least 20%** of the sum required through other means, for example, from participants, the organisation's own funds or through other fundraising. Applications for Gaelic classes must include income equivalent to **at least £3 per person, per class**.

Applicants should ensure that no other part of the income for their proposed project is being received through another Bòrd na Gàidhlig funding scheme.

Applications may be made for funding which will be spent on projects **between 1<sup>st</sup> April 2017 and 30<sup>th</sup> June 2018**.

Thèid gach iarrtas a mheasadh a rèir prìomhachasan na maoin, an seòrsa buidheann tagraidh, dè cho comasach 's a tha a' phròiseact air àrdachadh an àireamh dhaoine a tha a' togail agus a' cleachdadh na Gàidhlig, luach airson an taic-airgid a tha ga iarraidh, agus dè cho comasach 's a tha a' bhuidheann air a' phròiseict agus a targaidean a choilionadh gu soirbheachail.

### **Ceann-latha airson Iarrtasan**

Bu chòir iarrtas a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn agus gun a bhith nas anmoiche na **5f air Dihaoine 13 Faoilleach 2017**. **CHA GHABH** Bòrd na Gàidhlig ri iarrtasan a thig a-steach an dèidh 5f air 13 Faoilleach.

### **Dè bhios a' tachairt an dèidh iarrtas a chur a-steach?**

Thèid freagairt a chur gu gach tagraiche gus dearbhadh gun d' fhuair Bòrd na Gàidhlig an t-iarrtas aca.

Tha sinn ag amas air fios mun cho-dhùnadh air an iarrtas aca a chur gu gach tagraiche ro dheireadh a' Mhàirt 2017.

Ma dh'aontaichear ri iarrtas maoineachaidh, thèid litir tairgse a chur chun an tagraiche, a bhios a' mìneachadh na h-ìre maoineachaidh ris an deach aontachadh agus na cumhaichean fo am bi am maoineachadh air a phàigheadh. Feumaidh gach tagraiche soirbheachail ainm a chur ris an litir tairgse aca agus a tilleadh gu Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh mìos. Bidh e riatanach cuideachd ceann-latha tòiseachaidh na pròiseict a dhearbhadh còmhla ri fiosrachadh mu chunntas-banca na buidhne.

### **Tuilleadh fiosrachaidh**

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig le fios a chur gu:

#### **Bòrd na Gàidhlig**

**Taigh a' Ghlinne Mhòir / Great Glen House**

**Rathad na Leacainn / Leachkin Road**

**Inbhir Nis / Inverness**

**IV3 8NW**

Each application will be assessed against the fund's priorities, the type of organisation, the project's capacity to increase the number of people learning and using Gaelic, value for the amount of funding sought, and the organisation's capacity to deliver the project and its target outcomes successfully.

### **Closing Date for Applications**

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible but no later than **5pm on Friday 13<sup>th</sup> January 2017**. Bòrd na Gàidhlig **WILL NOT ACCEPT** applications which are received after 5pm on 13<sup>th</sup> January.

### **What happens after an application is submitted?**

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

We aim to inform all applicants of the decision on their application by the end of March 2017.

If a funding application is approved, a letter of offer will be sent to the applicant which will explain the level of funding agreed and the conditions under which the funding will be paid. We will then require all successful applicants to return their signed letter of offer to Bòrd na Gàidhlig within one month. It will also be necessary to confirm the start date of the project along with the details of the organisation's bank account.

### **Further information**

Further information can be obtained by contacting Bòrd na Gàidhlig as detailed below:-

**Fòn / Phone:** 01463 225454

**Post-d / Email:** [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

**Làrach-lìn / Website:** [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)